

## Earrann bho *An Cridhe Falamh*

Extract from *An Cridhe Falamh* (The Empty Heart)

Cha robh Adhamh ann an cabhag èirigh oir bhitheadh an set-up uile air a dhèanamh mus ruigeadh e obair. Mar sin, thug e cead dha fhèin tighinn na dhùisg beag air bheag, mothachail air blàths sèimh an duvet ga chuairteachadh agus fionnarachd an t-seòmair far an robh a chasan a' stobadh a-mach thairis air a' bhobhstair.

Aig an aon àm, thàinig e a-steach air gu robh rudeigin air dhith. Bha an duvet ga chuairteachadh ro theann, bha cus àite air fhàgail ri a thaobh anns an leabaidh agus nuair a ghluais e a cheann agus a dh'fhosgail e a shùilean, bha beàrn air a' chluasaig eile. Rinn e mèaran agus shìn e a-mach tarsainn air an leabaidh agus b' ann an uair sin a thàinig e na chuimhne gum b' e seo latha eile às aonais Jenni.

Cha robh ach ceithir làithean air a dhol seachad agus bha fàileadh cùbhraidh a corp fhathast air aodach na leapa. Bu leisg leis an duvet a phutadh air falbh ach mu dheireadh thall dh'èirich e agus sheas e suas, a chasan a' suathadh ris an leabhar a bha an laighe am measg an sgudail air an ùrlar. *John Splendid* le Neil Munro, far an do dh'fhàg Jenni e, air a taobh-se den leabaidh.

B' e an smuain aicese a bh' ann, a bhith a' leughadh ris, air na h-oidhcheannan dorcha grod sin nuair a bha inntinn an-fhoiseil agus riaslach agus nach fhaigheadh e cadal. Bhitheadh ise a' leughadh dha le a guth milis, ciùin, Gàidhealach – an sgeulachd shònraichte sin mu John Splendid, a bha cho treibh agus modhail na dhòigh. Bha abairtean Gàidhlig a' ruith mar obair-ghreis tron teacsa agus ged nach robh Jenni gan eadar-theangachadh, bha e toilichte gu leòr oir bha iad mar phàirt den draoidheachd aicese.

*le Mòrag Law*